

Lùl taic laghail catharra

Tha cuideachadh laghail catharra a' cobhradh dhaoine gus comhairle laghail fhaighinn ('comhairle agus cuideachadh') agus taic neach-lagha gus an cùis catharra a chur air adhart sa chùirt (taic laghail catharra). Tha a' bhileag seo a' mìneachadh barrachd mu dheidhinn nan seòrsachan cuideachaidh sin agus gad chuideachadh gus obrachadh a-mach a bheil e coltach gu bheil thu freagarrach a thaobh ionmhais air an son.

Dligheach bhon Ghiblein 2009

Cuir fios thugainn

A bheil thu ag iarraidh:

- an neach-lagha taic laghail as fhaisge ort a lorg
- tuilleadh fhaighinn a-mach mu thaic laghail
- ar bileagan òrdachadh?

Ma tha, fònaig gun **Loidhne Fiosrachaidh Taic Laghail** againn air **0845 122 8686** (fosgailte 7 latha san t-seachdain bho 7m. gu 11f.), no tadhail air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk. Tha fiosrachadh mionaideach mu ar ìrean seirbheis air an làrach-lìn againn cuideachd.

Chan eil sinn a' solarachadh taic laghail. Tha sin air a' dhèanamh le luchd-lagh – tha sinn a' stiùireadh an t-siostam taic laghail.

Tha ar seòladh aig 44 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann EH3 7SW.

Is e ar àireamh-fòn choitcheann **0131 226 7061**. Tha fios tro Teacs Direach BT dibeathte.

Is e ar seòladh puist-dealain general@slab.org.uk

Co-cheangalan feumail eile

Comann Lagha na h-Alba, 26 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann EH3 7YR

Fòn: 0845 113 0018

Làrach-lìn: www.lawscot.org.uk

Tha comhairle an asgaidh ri fhaotainn bho bhuidhnean mar Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill (www.cas.org.uk), Ionadan Comhairlichidh Airgead (www.moneyadvicescotland.org.uk) agus Shelter (a tha dèiligeadh ri cuspairean taigheadais, www.scotland.shelter.org.uk)

Coimhead 'sna Duilleagan Buidhe no theirig gu na làraich-lìn aca airson fiosrachadh mi fios a chuir orra.

Ar bileagan

- Lùl a thaobh taic laghail catharra
- Taic laghail catharra – fiosrachadh do thagraichean
- Taic laghail catharra – an sùim a dh'fhaodadh tu a phàigheadh
- Stiùireadh do luchd-dùbhlain ann an cùisean taic laghail catharra
- Taic laghail do chloinn
- Lùl a thaobh taic laghail eucorach
- Gearanan agus beachdan air Bòrd Taic Laghail na h-Alba
- Cothrom air fiosrachadh

Susbaint

1. Dè th' ann an cuideachadh laghail catharra?
2. Comhairle agus cuideachadh catharra.
3. Taic laghail catharra.
4. Cò bheir dhomh comhairle agus cuideachadh, no taic laghail?
5. Ciamar a lorgas mi neach-lagha a bheir dhomh cuideachadh laghail catharra?
6. Am faigh mi comhairle an-asgaidh gun tagradh a chur airson, no mur a bheil mi airidh air cuideachadh laghail catharra?
7. Ciamar a gheibh mi a-mach dè dh'fhaodainn a phàigheadh?
8. Ciamar a phàigheas mi na tabhartasan agam dhuibh?
9. Dè eile a bu chòir dhomh beachdachadh air mus cuir mi tagradh airson cuideachadh?
10. Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?
11. Dè ma tha mi mì-thoilichte le ur dòigh giùlain no le dòigh giùlain an neach-lagha agam?
12. Ciamar a dh'obraicheas mi a-mach ma tha mi freagarrach a thaobh ionmhais airson comhairle agus cuideachadh, no taic laghail?

COMHARRA CHUDTHROMACH – Àrdachadh ann an iomail airson a bhith airidh air ionmhais airson taic laghail catharra.

Bho 7 an Giblean 2009 bithidh tu airidh air ionmhais airson taic laghail catharra ma tha do theachd-an-steach nas lugha na £25,000. Tha barrachd fiosrachadh ann an earrann 12.2

1. Dè th' ann an cuideachadh laghail catharra?

Is urrainn dhuinn maoinachadh a sholarachadh gus daoine a tha freagarrach a chuideachadh airson comhairle laghail agus taic neach-lagha fhaighinn gus an cùis a chur air adhart sa chùirt (' riochdachadh'), ann an cùisean catharra. Dh'fhaodadh e a bhith an-asgaidh no dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh a dh'ionnsaigh cosgais na cùise agad.

Tha dà sheòrsa cuideachaidh ann a dh'fhaodadh tu fhaighinn:

- Sa chiad àite, **tha comhairle agus cuideachadh**. Tha seo a' cuideachadh le pàigheadh airson comhairle bho neach-lagha mu ghnòthaich sam bith a thaobh lagh na h-Alba, catharra no eucorach, mar eisimpleir a' feuchainn ri connspaid a rèiteach dhut gun a dhol dhan chùirt. Ach, chan àbhaist gum pàigh e airson riochdachadh sa chùirt.
- San dàrna àite, tha **taic laghail catharra**. (Seach nach eil a' bhileag seo a' dèiligeadh ach le taic laghail catharra, far a bheil sinn a' toirt iomradh air "taic laghail" tha sinn a' ciallachadh taic laghail catharra). Tha seo a' cuideachadh le pàigheadh an neach-lagha agad gus do riochdachadh sa chùirt. Tha e a' còmhach obair ullachaidh, cho math ris a' chùis lagha fhèin, agus tha e a' solarachadh maoinachaidh do luchd-tagraidh agus eòlaichean, ma bhios feum air. Tha a' chuid as motha de chùisean a' tòiseachadh le comhairle agus cuideachadh; dh'fhaodadh gur e taic laghail an ath cheum, ma bhios e riatanach. Is àbhaist dhuinn innse dhut an taobh a-staigh 32 làithean bhon tagradh airson taic laghail agad fhaighinn, a bheil e soirbheachail. (30 làithean ma tha do neach-lagh a' tagradh air-loidhne) Chan eil seo a' cunntadh amannan sam bith far a bheil sinn air tuilleadh fiosrachaidh iarraidh ort fhèin no air an neach-lagh agad, agus tha sinn a' feitheamh ri freagairt.

Tha sinn a' mìneachadh barrachd mu na dhà dhiubh gu h-ìosal. Le chèile, tha iad ainmichte mar **cuideachadh laghail catharra**. Ma tha feum agad air cuideachadh le ghnòthaich eucorach, faic a bhileag againn *Cuideachadh taic laghail eucorach*. Bu chòir do chloinn a tha a' coimhead airson taic laghail a' bhileag againn *Taic laghail do chloinn* fhaicinn. Tha fiosrachadh a thaobh faotainn nam bileagan sin air an taobh a-staigh den duilleig aghaidh.

Mura bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh, dh'fhaodadh gu bheil thu freagarrach airson taic laghail ge-tà, agus a chaochladh. Faighnich dhan neach-lagh agad mu dheidhinn. Chan eil feum aig cuid de dhaoine ach air comhairle agus cuideachadh, chan eil feum aig feadhainn eile ach air taic laghail, agus tha feum aig cuid air na dhà aca. Tha mòran daoine a' tòiseachadh air a' phròiseas laghail le comhairle agus cuideachadh, agus an uair sin a' gluasad gu taic laghail.

Ma chuireas tu romhad tagradh a chur, feumaidh tu sin a dhèanamh tro neach-lagha.

1.1 Dè th' ann an cùis chatharra?

Seo eisimpleirean de chùisean catharra leis am faodadh tu cuideachadh fhaighinn:

- sgaradh pòsaidh agus cùisean eile aig a bheil buaidh air teaghlaichean agus clann
- a' feuchainn ri airgead dìoltais fhaighinn airson leòn às dèidh tubaist no airson dearmadachd meidigeach

- cùisean taigheadais mar fhiachan màil no morgaids, obair càraidh agus cur à seilbh
- fiachan agus còirean shochairan
- cùisean co-cheangailte ri in-imriche, nàiseantachd agus comraich

2. Comhairle agus cuideachadh catharra.

2.1 Dè bhios comhairle agus cuideachadh a' còmhach?

Tha comhairle agus cuideachadh a' còmhach raon fharsaing de chùisean, cho fada agus:

- a tha iad mar phàirt de lagh na h-Alba
- a tha thu freagarrach a thaobh ionmhais
- nach eil cothrom agad air cuideachadh ionmhasail bho neach eile, mar aonadh ciùird, companaidh àrachais no buidheann proifeiseanta

Cho math ri bhith gad chomhairleachadh air a' chùis a tha thu air a thogail, faodaidh an neach-lagha agad:

- do chomhairleachadh a thaobh a bheil cùis laghail agad a bheir thu air adhart
- feuchainn ri barganachadh leis a' phàrtaidh eile gus a' chùis a rèiteachadh
- do chomhairleachadh a thaobh am bu chòir dhut tagradh airson taic laghail gus a' chùis a thoirt dhan chùirt
- litrichean a sgrìobhadh às do leth agus aithisgean fhaighinn

Chan fhaod an neach-lagha do riochdachadh sa chùirt fo thaic laghail le cuid de chùisean mar:

- tagraidhean beaga – de nas lugha na £3000 , mur a bheil a chùis a' buintinn ri goirteachadh pearsanta.
- cuid de chùisean lagha co-cheangailte ri briseadh-banca

Ach, dh'fhaodadh gun urrainn dhaibh do chomhairleachadh orra.

2.2 Ciamar a bhios mi freagarrach a thaobh ionmhais airson comhairle agus cuideachadh?

Thig an neach-lagha agad gu co-dhùnadh a bheil thu an taobh a-staigh nan crìochan airidheachd ionmhasail airson comhairle agus cuideachadh stèidhte leis a' Phàrlamaid. Feumaidh an dà chuid, an teachd-a-steach cuidhteach seachdaineil agad agus an calpa cuidhteach agad (airgead sàbhalaidd agus nithean de luach air a bheil seilbh agad) a bhith an taobh a-staigh chrìochan stèidhte. Anns an fharsaingeachd, bidh tu freagarrach ma tha an t-airgead sàbhalaidd agad agus nì sam bith de luach air a bheil seilbh agad (gun a bhith a' cunntadh an taighe sa bheil thu a' còmhnaidh) de luach £1,639 no nas lugha agus:

- gu bheil thu a' faighinn taic teachd-a-steach no cuibhreann neach-siridh obrach stèidhte air teachd-a-steach, no cuibhreann taic obrach stèidhte air teachd-a-steach.

- gu bheil do teachd-a-steach cuidhteasach seachdaineil (an dèidh dhut cunntasan àraid agus cuibhreannan a phàigheadh) nas lugha na £234

Ma tha thu nad pheinnseanair, dh'fhaodadh tu fhathast a bhith freagarrach, ged a bhiodh an t-airgead sàbhalaidd agad agus nithean air a bheil seilbh agad, de luach nas motha na £1,639.

Airson comhairle agus cuideachadh, chan fheum thu tabhartas a phàigheadh à calpa, ach dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh à teachd-a-steach, a rèir dè an sùim a tha seo.

Faodaidh tu na ceumannan ann an earrann 12.1 a leantainn gus obrachadh a-mach a bheil thu freagarrach a thaobh ionmhais airson comhairle agus cuideachadh. No faodaidh tu an àireamhair air-loidhne air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk a chleachdadh. Chan eil anns an fhiosrachadh sa bhileig seo agus air an làrach-lìn againn ach iùl sèalach. Bu chòir dhut bruidhinn ri neach-lagha, a dhearbhas a bheil thu an taobh a-staigh nan crìochan airidheachd ionmhasail airson comhairle agus cuideachadh. Gus neach-lagha a lorg, faic earrann 5.

Tha e cudromach gun toir thu fiosrachadh ceart dhan neach-lagha agad mun t-suidheachadh ionmhasail agad. Feumaidh fios a bhith aca mun teachd-a-steach agad, airgead sàbhalaidd agus eisimeilich (clann no daoine eile ga bheil thu a' toirt taic). Bu chòir dhut fianais a thaobh iad sin a thoirt leat air do chiad thadhal aig an neach-lagha. Mar eisimpleir, bu chòir dhut a thoirt leat:

- na bileagan tuarastail mu dheireadh agad, no cunntasan ma tha thu fèin-fhastaichte
- leabhraichean peinnsein no shochairlean no fiosrachadh mu pheinnsein bho do sheann chosnadh
- litrichean làithreach buileachaidh shochairlean no fiosrachadh mu shochairlean
- fiosrachadh mu airgead sàbhalaidd sam bith – mar eisimpleir, cunntas banca/comann thogalach/oifig puist no leabhar-cead banca

Mura solaraich thu am fiosrachadh seo aig toiseach gnothaich, dh'fhaodadh gun tèid dàil san tagradh agad. Mura bheil an neach-lagha agad riarichte gun tug thu am fiosrachadh ceart seachad mun t-suidheachadh ionmhasail agad, chan urrainn dhaibh tòiseachadh ag obair dhut.

Ma tha thu pòsta no a' fuireach còmhla ri companach, is àbhaist gum feum an neach-lagha agad am fiosrachadh ceudna mun teachd-a-steach agus mun airgead sàbhalaidd aca fhaighinn, nas lugha na:

- gu bheil thu dealaichte
- gur iadsan an neach leis a bheil an duilgheadas laghail agad no gur iad an neach-dùbhlain sa chùis agad
- no gum biodh e neo-chothromach no ro dhoirbh sin a dhèanamh

Cuideachd, feumaidh an neach-lagha agad a bhith cinnteach gur e ceist à lagh na h-Alba a tha anns a' chùis mu bheil thu a' sireadh comhairle.

3. Taic laghail catharra.

3.1 Dè bhios taic laghail a' còmhach?

Ma tha thu fhèin agus an neach-lagha agad ag aontachadh nach fhuasgail comhairle agus cuideachadh an duilgheadas agad, agus gum feum thu a' chùis a thoirt dhan chùirt, dh'fhaodadh gum feum thu tagradh a chur airson taic laghail.

Ma chuireas tu romhad tagradh a chur airson taic laghail, bheir an neach-lagha agad dhut leth-bhreac den duilleig *Taic laghail catharra – fiosrachadh do thagraichean*, a tha a' toirt seachad tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas taic laghail.

3.2 Ciamar a bhios mi freagarrach airson taic laghail?

Lìonaidh tu fhèin agus an neach-lagha agad na foirmean tagraidh mu nàdar na cùise agus mun t-suidheachadh ionmhasail agad, agus cuiridh tu iad thugainn. Tha sinn a' measadh thagraidhean air fad san aon dòigh agus feumaidh sinn riaghailtean a leantainn, a tha stèidhte ann an lagh leis a' Phàrlamaid. Feumaidh tu faighinn tro na deuchainnean uile mus urrainn dhuinn taic laghail a bhuileachadh.

Gus taic laghail a bhuileachadh, feumaidh sinn co-dhùnadh:

- gu bheil thu freagarrach a thaobh ionmhais
- gu bheil bunait laghail agad airson na cùise agad (uaireannan ainmichte mar `cùis choltach`)
- gu bheil e reusanta gum bu chòir dhut taic laghail fhaighinn – mar eisimpleir, dh'fhaodadh nach biodh e reusanta taic laghail a bhuileachadh mura bheil airgead sam bith aig an neach a tha thu a' feuchainn ri thoirt gu lagh; ma chosgas a' chùis agad barrachd na `s fhiach i; no ma tha e coltach nach bi thu soirbheachail
- nach eil cothrom agad air cuideachadh ionmhasail bho neach eile – mar aonadh ciùird, companaidh àrachais no buidheann proifeiseanta

Feumaidh an dà chuid, do theachd-a-steach cuidhteach bliadhnail agus do chalpa cuidhteach (airgead sàbhalaidh agus nithean de luach air a bheil seilbh agad) a bhith an taobh a-staigh chrìochan stèidhte. Anns an fharsaingeachd, cha phàigh thu sùim sam bith a thaobh taic laghail ma tha:

- do theachd-a-steach cuidhteach £3,355 no nas lugha
- do chalpa cuidhteach £7,504 no nas lugha

Agus: Ma tha thu fhèin no do chompanach a faighinn taic teachd-a-steach no cuibhreann sireadh-obrach no cuibhreann taic obrach stèidhte air teachd-a-steach.

Feumaidh tu rudeigin a phàigheadh ma tha do theachd a steach bliadhnail: eadar £3,355 agus £25,000

no calpa cuidhteach eadar £7,504 agus £12,439

Agus:

- cha bhi thu freagarrach airson taic laghail idir ma tha do theachd-a-steach cuidhteasach bliadhnail nas motha na £25,000
- dh'fhaodadh nach bi thu freagarrach airson taic laghail ma tha do chalpa cuidhteasach nas motha na £12,439

Ged a bhiodh d' airgead calpa nas motha na £12,439 dh'fhaodadh gum biodh tu freagarrach ma tha thu nad pheinnseanair, no ma tha sinn den bheachd gum biodh e na b' fheàrr taic laghail a bhuileachadh, ann an ainm ceartais. Faodaidh an neach-lagha agad comhairle a thoirt dhut a thaobh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh a thaobh do fhreagarrachd airson taic laghail, faodaidh tu na ceumannan ann an earrann 12.2 a leantainn. Tha iadsan a' mìneachadh chumhachan mar 'teachd-a-steach cuidhteasach' agus 'calpa cuidhteasach', agus cuibhreannan sam bith a dh'fhaodadh a bhith agad. Faodaidh tu cuideachd an àireamhair air-loidhne air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk a chleachdadh.

Cuimhnich: cha bu chòir dhut na h-àireamhan agad fhèin a chleachdadh ach mar iùl sèalach. Ma chuireas tu romhad tagradh a chur airson taic laghail, feumaidh tu sin a dhèanamh tro neach-lagha. Gus neach-lagha a lorg, faic earrann 5. Measaidh sinn an tagradh agad gus co-dhùnadh a bheil thu freagarrach. Coimheadaidh sinn ri d' airidheachd ionmhasail, a bheil bunait laghail agad airson na cùise agad, agus a bheil e reusanta taic laghail a bhuileachadh anns an t-suidheachadh seo.

Tha na h-àireamhan a tha air am foillseachadh ag atharrachadh gach bliadhna, agus mar sin, dèan cinnteach gu bheil dreach aimsireil agad den bhileig seo.

3.3 Dè ma dh'fheumas mi obair dheatamach fhaighinn dèanta?

Mus co-dhùin sinn am bu chòir dhuinn taic laghail a bhuileachadh, dh'fhaodadh gun urrainn dhan neach-lagha agad obair dheatamach a dhèanamh às do leth sa chùirt – mar eisimpleir, tagradh a dhèanamh gus bacadh a chur air neach, do dhochann. Ach, dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh dhuinn airson na h-obrach seo, fiù 's ged:

- a cho-dhùineadh tu gun a dhol air adhart leis a' chùis
- a dhiùltadh sinn an tagradh taic laghail agad nas fhaide air adhart

4. Cò bheir dhomh comhairle agus cuideachadh, no taic laghail?

Gheibh thu an dà sheòrsa cuideachaidh tro neach-lagha. Dh'fhaodadh gur e seo neach-lagha ag obair ann am buidheann priobhaideach, ionad lagha no buidheann comhairleachaidh eile, no air fhadhadh leinne.

5. Ciamar a lorgas mi neach-lagha a bheir dhomh cuideachadh laghail catharra?

Gus neach-lagha a lorg, a tha clàraichte a thaobh cuideachadh laghail catharra:

- cuir fios gun Loidhne Fiosrachaidh Taic Laghail againn air 0845 122 8686 (fosgailte 7 latha san t-seachdain bho 7m. gu 11f.)
- tadhail air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk

A thuilleadh air an sin, gheibh thu fiosrachadh mu luchd-lagha ionadail bho Chomann Lagha na h-Alba agus bhon Bhiùro Comhairleachaidh a' Phobail ionadail agad (faic taobh a-staigh duilleag aghaidh na bileig seo airson fiosrachadh fòn).

Tha am Bòrd cuideachd a ruith oifisean taic laghail catharra ann an cuid de sgìrean. Tha luchd-lagh an sin a tha sinn a' fastadh airson cùisean taic laghail a ghabhail os làimh airson daoine a tha airidh air taic laghail ach nach lorg neach-lagha ionadail.

Airson fios a chuir air oifis taic laghail chatharra air Ghaidhealtachd agus nan Eilean (A Ghaidhealtachd, Moireabh, Nan Eilean Siar, Arcaibh agus Sealltainn) cuir fòn gu 0845 123 2353, thig gu làrach-lìn www.slab.org.uk/civiloffice no post-dealan gu mail@pvs.slab.org.uk

Tha seirbheis ionann ri fhaotainn ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid. Cuir fòn gu 01546 604 106

Tha ionadan-comhairlichidh againn ann an Lodainn agus tha sinn cuideachd a' deanamh obair eile a luib taic laghail catharra ann am prìosain agus ionadan coimhearsnachd anns an sgìre.

6. Am faigh mi comhairle an-asgaidh gun tagradh a chur airson cuideachadh laghail catharra?

Tha comhairle an-asgaidh ri fhaotainn bho dhiofar bhuidhnean mar Biùro Comhairleachaidh a' Phobail no Ionadan Comhairleachaidh Ionmhais, no Shelter (a tha a' deiligeadh ri taigheadas) Dh'fhaodadh gun urrainn dhaibh cuideachadh leis a' chùis agad, agus do chuideachadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh a bheil feum agad air comhairle laghail. (Tha fiosrachadh ri fhaotainn air an taobh a-staigh den duilleig aghaidh).

Dh'fhaodadh gun lorg thu cuideachd gum faod thu cuideachd fhaighinn tron aonadh ciùird agad no do chompanaidh àrachais.

7. Ciamar a gheibh mi a-mach dè dh'fhaodainn a phàigheadh?

Chan eil cuideachadh laghail daonnan an-asgaidh. Ma bhuilicheas sinn comhairle agus cuideachadh dhut no taic laghail, dh'fhaodadh gum feum thu

tabhartas a phàigheadh a dh'ionnsaigh cosgais aon no na dhà dhiubh, mar a tha sinn a' mìneachadh gu h-ìosal.

Pàighidh sinn cunntas an neach-lagha agad. Ach, tha e mar dhleastanas òirnn feuchainn ris an airgead a phàigh sinn a-mach fhaighinn air ais. Gus na cosgaisean a chòmhdach, cleachdaidh sinn:

Airson comhairle agus cuideachadh:

- sa chiad àite, tabhartasan sam bith a phàigheas tu (faic earrann 7.1) – a tha an crochadh air do theachd-a-steach
- san dàrna àite, cosgaisean sam bith a phàigheas an neach-dùbhlain agad
- san treas àite, mura bheil a' chiad dhà gu leòr, pàirt no iomlan de dh'airgead no seilbh a bhuannaicheas no a ghleidheas tu (tha seo ainmichte mar `cladhach air ais') – dh'fhaodadh nach fheum thu seo a dhèanamh nan adhbhraicheadh pàigheadh cruaidh-chàs agus àmhghar dhut
- sa cheathramh àite, mura bheil a' chiad trì gu leòr, ar maoineachadh fhìn

Ann an cuid de chùisean, dh'fhaodadh nach fheum thu an t-seilbh no an t-airgead a bhuannaicheas no a ghleidheas tu, a chleachdadh gus cunntas an neach-lagha agad a phàigheadh, mas urrainn dhut dearbhadh gun adhbhraicheadh sin cruaidh-chàs agus àmhghar dhut.

Airson taic laghail:

- sa chiad àite, cosgaisean sam bith a phàigheas an neach-dùbhlain agad
- san dàrna àite, tabhartas sam bith a tha agad ri phàigheadh dhuinn
- san treas àite, mura bheil a' chiad dhà gu leòr, pàirt no iomlan den airgead no seilbh a bhuannaicheas no a ghleidheas tu
- sa cheathramh àite, mura bheil iad sin gu leòr, ar maoineachadh fhìn

Airson tuilleadh fiosrachaidh a thaobh dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh, faic a' bhileag againn *Taic laghail catharra – dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh*.

Ma tha sùim agad ri phàigheadh, bidh tu a' pàigheadh dìreach gun neach-lagha airson comhairle agus cuideachadh. Chan urrainn dhaibh obair a dhèanamh ach suas gu crìoch ionmhasail stèidhte, fo chomhairle agus cuideachadh. Ma tha iad airson tuilleadh obair a dhèanamh, a chosgas barrachd, feumaidh iad iarraidh òirnn aontachadh gum faod iad a dhèanamh. Mura h-aontaich sinn ri seo:

- chan fhaod an neach-lagha agad iarraidh ort pàigheadh air leth airson seo agus aig an aon àm a' cumail orra le cuideachadh laghail
- dh'fhaodadh gum faighnich an neach-lagha agad dhut a bheil thu airson iad cumail orra ag obair dhut gu prìobhaideach. Ma nì thu seo, feumaidh iad mìneachadh dhut gu soilleir, agus feumaidh tusa aontachadh ris, na cumhachan gnothachais aca mus urrainn dhaibh tòiseachadh ag obair dhut a-rithist.

Ach airson taic laghail, tha thu a' pàigheadh an tabhartais agad dhuinne.

7.1 Tabhartasan

Dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh a dh'ionnsaigh comhairle agus cuideachadh agus taic laghail. Tha iad air an obrachadh a-mach ann an dòigh eadar-dhealaichte – faic earrannan 12.1 agus 12.2 gus obrachadh a-mach gu ìre dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh. Feuch gum bruidhinn thu ris an aonad measaidh ionmhasail againn ma tha ceistean sam bith agad mu dheidhinn dè dh'fheumas tu a phàigheadh. Ma dh'fheumas tu pàigheadh, bidh an sùim an crochadh air do theachd-a-steach, airgead sàbhalaidd agus seilbh.

Airson comhairle agus cuideachadh, bu chòir dhan neach-lagha agad innse dhut aig toiseach na cùise agad:

- dè dh'fheumas tu a phàigheadh ma dh'fheumas càil idir, airson comhairle agus cuideachadh (tha riaghailtean ann a thaobh dè an sùim as urrainn dhan neach-lagha agad iarraidh ort a phàigheadh)
- ma dh'fheumas tu pàigheadh a-mach à airgead sam bith a ghleidheas no a bhuannaicheas tu

Airson taic laghail, bu chòir dhan neach-lagha agad innse dhut ma tha e coltach gum feum thu sùim sam bith a phàigheadh. Ach ma cho-dhùineas sinn taic laghail a bhuileachadh, innsidh sinn dhut:

- dìreach dè an t-sùim tabhartais a dh'fheumas tu a phàigheadh, ma dh'fheumas càil idir
- dè an ùine a bhios agad airson nan tabhartasan a phàigheadh

Airson taic laghail, is àbhaist gun urrainn dhut tabhartasan a phàigheadh bho theachd-a-steach ann an cuibhreannan mìosail. Anns an fharsaingeachd, mar as motha a tha agad ri phàigheadh is ann as motha ùine a bheir sinn dhut.

Nuair a chuireas tu tagradh airson taic laghail, tha e cudromach gun iarr thu air an neach-lagha agad cosgais na cùise a thuirmeachadh agus innse dhuinn. Dh'fhaodadh gun sàbhail seo airgead dhut, a chionn 's gun urrainn dhuinn aig toiseach gnothaich, tabhartas sam bith a dh'fheumas tu a phàigheadh a chuingealachadh, gun t-sùim a thuirmicheas an neach-lagha agad. Ach ma chosgas a' chùis nas motha na an tuairam aig deireadh gnothaich, obraichidh sinn a-mach an diofar eadar:

- an tuairam agus an tabhartas a thomhais sinn bho thoiseach, a dh'fhaodadh tu a phàigheadh
- an tuairam agus fìor chosgais na cùise

Feumaidh tu an uair sin an sùim as lugha den dà shùim sin a phàigheadh.

Dh'fhaodadh gum faigh thu pàirt den tabhartas agad air ais ma chosgas a' chùis nas lugha na phàigh thu dhuinn, no ma gheibh sinn cuid de na cosgaisean air ais bhon neach-dùbhlain agad.

7.2 Ma chailleas tu a' chùis.

Ma bheir thu a' chùis agad dhan chùirt agus gum faigh thu taic laghail, chan eil seo a' ciallachadh gu bheil cosgaisean an neach-dùbhlain agad còmhdaichte, Mar sin, ma chailleas tu a' chùis, dh'fhaodadh gun òrdaich a' chùirt dhut pàirt no iomlan de chosgaisean an neach-dùbhlain agad a phàigheadh, no dh'fhaodadh gun aontaich thu am pàigheadh mar phàirt de rèite. Ann an cùis seach cùis, feumaidh tu na cosgaisean sin a phàigheadh thu fhèin – chan urrainn dhuinne am pàigheadh dhut. Bheir an neach-lagha agad tuilleadh fiosrachaidh dhut mu dheidhinn seo nuair a tha thu a' co-dhùnadh an toir thu a' chùis dhan chùirt.

8. Ciamar a phàigheas mi na tabhartasan agam?

Tha na h-àireamhan gu h-ìosal a' dèiligeadh le tabhartasan airson taic laghail, a bhios tu a' pàigheadh dhuinn. Chan eil iad a' bualadh air tabhartasan airson comhairle agus cuideachadh. Tha thu a' pàigheadh iad sin dìreach gun neach-lagha agad, a dh'innseas dhut dè na dh'fheumas tu a phàigheadh.

Ma phàigheas tu tabhartas dhuinn stèidhte air teachd-a-steach, is àbhaist dhuinn cead a thoirt dhut pàigheadh ann an cuibhreannan. Innsidh sinn dhut an àireamh cuibhreannan, agus an ùine a bhios iad a' ruith. Bidh seo an crochadh air an t-sùm iomlan a dh'fheumas tu a phàigheadh. Gu h-àbhaisteach, ceadaichidh sinn cuibhreannan de:

- suas gu £500 nota gus a bhith pàighte ann an 20 cuibhreann mìosail
- £501 suas gu £1000 nota gus a bhith pàighte ann an 30 cuibhreann mìosail
- £1,001 suas gu £1,500 nota gus a bhith pàighte ann an 36 cuibhreann mìosail
- £1,501 suas gu £2,000 nota gus a bhith pàighte ann an 42 cuibhreann mìosail
- nas àirde na £2,000 nota gus a bhith pàighte ann an 48 cuibhreann mìosail

Ma tha thu den bheachd gum bi duilgheadas agad a' pàigheadh thairis air an àm sin, uaireannan ceadaichidh sinn dhut pàigheadh thairis air ùine nas fhaide. Feumaidh tu dearbhadh dhuinn carson a bu chòir dhuinn ceadachadh dhut seo a dhèanamh. Bidh luchd-obrach anns an roinn ionmhais againn toilichte bruidhinn riut mu dheidhinn seo.

Ma tha do thabhartas stèidhte air a' chalpa agad, is àbhaist gun iarr sinn ort seo a phàigheadh ann an aon sùm.

9. Dè eile a bu chòir dhomh beachdachadh air mus cuir mi tagradh airson cuideachadh?

Mus cuir thu tagradh airson comhairle agus cuideachadh agus taic laghail, feuch gum beachdaich thu air dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh aig deireadh

gnothaich. Tha sinn a' mìneachadh tuilleadh mun seo anns a' bhileag againn *Taic laghail catharra – dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh*.

Nuair a chuireas tu tagradh airson taic laghail, bheir an neach-lagha agad bileag dhut, *Taic laghail catharra – fiosrachadh do thagraichean*, a tha a' mìneachadh tuilleadh mu thaic laghail.

Feuch gun leugh thu na bileagan gu cùramach. Bidh an neach-lagha agad comasach air tuairmeachadh dè an sùim, ma bhios càil idir, a dh'fhaodadh tu a phàigheadh, agus mìneachadh ciamar a tha seo air a thomhais. Ma tha nì ann nach eil thu cinnteach mu dheidhinn, faodaidh tu bruidhinn ris an ionad measaidh ionmhais againn (faic taobh a-staigh na duilleig aghaidh).

Cuimhnich ma tha thu airson a dhol air adhart bho chomhairle agus cuideachadh gu taic laghail, bu chòir dhut iarraidh air an neach-lagha agad cosgais na cùise a thomhais agus tuairmean a thoirt dhuinn air cosgais na cùise agad. Mar a chaidh iomradh ann an earrann 7, dh'fhaodadh seo airgead a shàbhaladh dhut.

Bidh an neach-lagha agad comasach air comhairle a thoirt dhut cuideachd air mar a dh'fhaodadh cladhach air ais (faic earrann 7) bualadh ort. Ma bhuannaicheas no ma ghleidheas tu airgead no seilbh sam bith mar thoradh air a' chùis, dh'fhaodadh gum feum thu seo a chleachdadh gus cosgaisean na cùise a phàigheadh. Nam faodadh seo buaidh a thoirt ort, bu chòir dhaibh leth-bhreac den bhileig *Taic laghail catharra – dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh* a thoirt dhut.

Dh'fhaodadh gun innis an neach-lagha agad dhut nach eil thu freagarrach airson cuideachadh laghail, ach gum biodh iad deònach a' chùis agad a ghabhail aig an reata phrìobhaideach aca. Ma thachras seo, tha sinn a' moladh:

- gun iarr thu air an neach-lagha agad mìneachadh mionaideach a thoirt dhut air na h-adhbharan airson seo
- gun dèan thu cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn agus ag aontachadh leis na cumhachan gnothachais aca mus tòisich iad ag obair dhut

Cuimhnich gum faod thu bruidhinn ris an aonad measaidh ionmhais againn uair sam bith, ma tha ceistean sam bith agad mu d' airidheachd ionmhasail.

Feumaidh am fiosrachadh a bheir thu seachad mu do shuidheachadh ionmhasail a bhith slàn agus ceart. Ma bheir thu fiosrachadh brèige dhuinn a dh'aon ghnòthaich:

- dh'fhaodadh gun stad sinn an taic laghail agad
- dh'fhaodadh gum feum thu cosgais an taic laghail a fhuair thu airson na cùise agad, a phàigheadh air ais
- dh'fhaodadh gum tèid cùis-lagha eucorach a thogail nad aghaidh

10. Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?

Le bhith a' cur tagradh a-steach airson taic laghail, tha thu a' toirt cead dhuinn am fiosrachadh a dheasbad taobh a-staigh a' Bhùird, agus far a bheil e riatanach, le daoine eile taobh a-muigh a' Bhùird. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun dèan sinn sgrùdadh a thaobh do thuarastail leis an neach-fastaidh agad, no na sochairean a tha thu a' faighinn bho Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsein.

Faodaidh luchd-lagha, a tha a' riochdachadh Comann Lagha na h-Alba, fiosrachadh a tha anns an tagradh agad fhaicinn mar phàirt de na sgrùdaidhean dearbhachd mathais tuaireamach a bhios an Comann a' dèanamh.

A rèir na lagha, feumaidh sinn a bhith glè fhaiceallach mar a chleachdas sinn fiosrachadh a bheir daoine dhuinn. Gu h-àbhaisteach, cha toir sinn seachad fiosrachadh a thaobh tagradh taic laghail ach nuair a gheibh sinn cead bhon neach a thug dhuinn e, no ma chanas an lagh gum feum sinn. Ach, ma dh'iarras tu air neach mar an BPA agad bruidhinn rinn mu dheidhinn na cùise agad, tha sinn a' gabhail ris le bhith a' dèanamh sin, gu bheil thu a' toirt cead dhuinn a dheasbad leotha.

Cuideachd, tha dleastanasan òirnn fiosrachadh sònraichte a chumail dìomhair agus fiosrachadh eile a thoirt seachad, fo Achd Dìon Dàta agus Achd Saorsa an Fhiosrachaidh. Mar eisimpleir, chan fhaod sinn fiosrachadh pearsanta a thoirt dhut mu neach eile. Ach tha a' chòir agad faighneachd dhuinn mu fhiosrachadh a tha againn mud dheidhinn fhèin, agus fiosrachadh eile a bhios sinn a' clàradh a thaobh taic laghail agus ar dòighean obrach.

Bidh sinn uaireannan a' cleachdadh an fhiosrachaidh gus an dearbh-aithne agad a sgrùdadh, ma dh'fhònas tu thugainn. Bidh sinn cuideachd a' tional fiosrachadh àraid gus dèanamh cinnteach nach eil ar dòighean obrach a' dèanamh leth-bhreith mì-laghail, agus gu bheil iad a' ceadachadh co-ionannachd do gach neach.

Nam bu mhath leat tuilleadh fhaighinn a-mach mun dòigh sa bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh a thathar a' toirt dhuinn, feuch gun leugh thu a' bhileag *Ruigsinneachd air Fiosrachadh*, a tha a' mìneachadh mar:

- a gheibh thu a-mach dè am fiosrachadh a tha againn mud dheidhinn
- a dhèiligeas sinn le fiosrachadh a tha againn mud dheidhinn
- a gheibh thu ruigsinneachd air clàran eile agus fiosrachadh oifigeil a tha sinn a' cumail

11. Dè ma tha mi mì-rhoilichte le ur dòigh giùlain agus le dòigh giùlain an neach-lagha agam?

Tha a' bhileag againn *Gearanan agus Beachdan air Bòrd Taic Laghail na h-Alba* a' toirt seachad fiosrachaidh mun mhodh gearain againn. Faodaidh tu sin fhaighinn bhuanne: feuch gum faic thu am fiosrachadh fòn air an taobh a-staigh de dhuilleag aghaidh na bileig seo. No faodaidh tu a' bhileag fhaighinn air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk

Ma tha do ghearain mun neach-lagha agad

Bu chòir dhut bruidhinn riutha fhèin an toiseach. Mura h-eil thu riarachta às dèidh sin, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach anns a' bhuidheann a bhios a' dèiligeadh le gearanan; feuchaidh iadsan ris an duilgheadas a rèiteachadh.

Ma tha do ghearain mu thaic laghail, bu mhath leinn gun cuireadh tu leth-bhreac thugainn de sgrìobhaidhean no litrichean sam bith mun chùis

Ma tha thu fhathast mì-thoilichte mun t-suidheachadh, faodaidh tu bruidhinn ri Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba (faic shìos)

Ma tha do ghearain mun neach-tagraidh agad

Bu chòir dhut bruidhinn riutha fhèin an toiseach. Ma tha thu fhathast mì-thoilichte mun t-suidheachadh, faodaidh tu bruidhinn ri Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba (faic shìos)

Ma tha do ghearain mu thaic laghail, bu mhath leinn gun cuireadh tu leth-bhreac thugainn de sgrìobhaidhean no litrichean sam bith mun chùis

Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba

Tha an Coimisean seo neo-eisimeileach bho dhreuchd an lagh agus tha e a' laimhseachadh ghearanan mun t-seirbheis aig luchd-lagh. Chan eil cosgais sam bith a luib gearan a dheanamh dhan Choimisean. Faodaidh an Coimisean cuideachd coimhead air mar a tha buidhnean proifeiseanta (mar Comann Lagha na h-Alba no Dàmh an Luchd-Tagraidh) a laimhseachadh ghearannan mu dhroch-ghiùlan agus smachd phroifeiseanta agus faodaidh iad na molaidhean aca a chuir an gnìomh.

Cuir fios gu Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba aig:

Oifis nan Stampa

10-14 Waterloo Place

Dùn Èideann EH1 3EG

Fòn: 0131 528 5111

Post-Dealain: enquiries@scottishlegalcomplaints.org.uk

Làrach-lìn: www.scottishlegalcomplaints.org.uk

Ma tha do ghearain mu na cùirtean

Gus gearan a dhèanamh mun chùirt no mu luchd-obrach na cùirte a dhèilig leis a' chùis agad, cuir fios gu Seirbheis Chùirtean na h-Alba, Taigh Hayweight, 23 Sràid Lauriston, Dùn Èideann ED3 9DQ, fòn 0131 229 9200. No faigh a-mach tuilleadh mun mhodh gearain aca air an làrach-lìn aig www.scotcourts.gov.uk.

Ma tha do ghearain mu bhritheamh no mu shiorraidh

Gus gearan a dhèanamh mu ghiùlain bhritheamh no siorraidh, sgrìobh gu
Riaghaltas na h-Alba
Buidheann-stiùiridh Lagh Bun-reachdail agus na Cùirtean
Roinn an Siostam Lagh
Sgioba nan Cùirtean agus Stiùireadh a Cheartais
2W Taigh Naomh Anndra
Rathad Regent
Dùn Èideann EH1 3DG

12. Ciamar a dh'obraicheas mi a-mach ma tha mi freagarrach a thaobh ionmhais airson comhairle agus cuideachadh, no taic laghail?

Gus obrachadh a-mach a bheil thu freagarrach a thaobh ionmhais airson:

- comhairle agus cuideachadh, rach gu earrann 12.1
- taic laghail, rach gu earrann 12.2

Tha na h-àireamhan a tha air am foillseachadh ag atharrachadh gach bliadhna, mar sin feuch gun dèan thu cinnteach gu bheil dreach aimsireil den bhileig seo agad.

Mura bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh, dh'fhaodadh gu bheil thu freagarrach airson taic laghail ge-tà, agus a chaochladh. Faighnich dhan neach-lagh agad mu dheidhinn.

12.1 A bheil mi freagarrach a thaobh ionmhais airson comhairle agus cuideachadh?

Airson cùisean eucorach agus cùisean co-cheangailte ri cùisean-lagha chloinne, feuch gum faic thu a' bhileag againn *A bheil mi freagarrach airson comhairle agus cuideachadh – ann an cùisean eucorach no cùisean chloinne?*

Gus a bhith freagarrach, feumaidh tu dearbhadh gu bheil an dà chuid, do theachd-a-steach agus do chalpa (airgead sàbhalaidd agus nithean de luach air a bheil seilbh agad), an taobh a-staigh nan crìochan ionmhasail làithreach a tha air an cur sìos le Pàrlamaid na h-Alba.

Lean na ceumannan sin gus obrachadh a-mach a bheil e coltach gum bi thu freagarrach a thaobh ionmhais. Faodaidh tu cuideachd an àireamhair air-loidhne air an làrach-lìn againn a chleachdadh aig www.slab.org.uk gus faicinn a bheil thu freagarrach a thaobh ionmhais.

Chan eil anns na h-àireamhan sin ach iùl, agus:

- thèid an neach-lagha agad thairis orra còmhla riut ma chuireas tu romhad tagradh a chur

- dearbhaidh an neach-lagha agad na fìor àireamhan dhut
- innsidh an neach-lagha agad dhut a bheil thu freagarrach

Ceum 1: A bheil companach agad aig a bheil teachd-a-steach agus calpa air am feum sinn beachdachadh?

Leis an fhacal `companach', tha sinn a' ciallachadh neach leis a bheil thu a' fuireach gu h-àbhaisteach mar chàraid, eadar gu bheil sibh:

- pòsta no nach eil
- den aon ghnè no de ghnèithean eadar-dhealaichte

Ma tha companach agad, feumaidh tu an t-ionmhas aca a chunntadh anns na h-àireamhan iomlan anns gach ceum, nas lugha na:

- gu bheil sibh a' fuireach air leth
- gur iad pàirt den duilgheadas laghail agad no gur iad an neach-dùbhlain sa chùis agad
- gum biodh e mì-reusanta no ro dhuilich dhuinn sin a dhèanamh – mas ann mar sin a tha, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach-lagha agad

Ceum 2: A bheil thu fhèin no do chompanach a' faighinn taic teachd-a-steach no cuibhreann neach-siridh obrach no cuibhreann taic obrach stèidhte air teachd-a-steach?

Ma tha a h-aon seach a h-aon agaibh a' faighinn nan sochairean sin, bidh sibh freagarrach co-dhiù a thaobh ionmhais airson comhairle agus cuideachadh agus cha bhi agaibh ri tabhartas a phàigheadh. Rachaibh dìreach gu ceum 8 gus faicinn a bheil sibh freagarrach a thaobh calpa.

Mura bheil a h-aon seach a h-aon agaibh a' faighinn nan sochairean sin, gluaisibh air adhart gu ceum 3.

Ceum 3: Obraich a-mach an teachd-a-steach lom seachdaineil agad.

Le `teachd-a-steach lom seachdaineil', tha sinn a' ciallachadh do theachd-a-steach iomlan bho gach bun, a tha thu fhèin agus do chompanach a' faighinn no air a bheil sibh airidh gach seachdain, às aonais cìs agus tabhartasan Àrachais Nàiseanta ma tha thu fastaichte le neach eile no fèin-fhastichte. Ma tha thu a' faighinn do theachd-a-steach gach mìos, iomadaich an t-sùm mhiosail le 12 agus an uair sin roinn le 52, gus an àireamh seachdaineil obrachadh a-mach. Gus meudachadh nan àireamhan a dhèanamh nas fhasa, meudaich no lùghdaich iad gun nota as fhaighe.

Chan eil an seo ach iùl a thaobh a bheil e coltach gum bi thu freagarrach a thaobh ionmhais. Ma chuireas tu tagradh airson comhairle agus cuideachadh:

- thèid an neach-lagha agad thairis air na h-àireamhan còmhla riut
- obraichidh an neach-lagha agad a-mach an teachd-a-steach lom seachdaineil agad, airson nan seachd làithean suas gu agus a' gabhail a-steach ceann-là an tagraidh agad
- innsidh an neach-lagha agad a bheil thu freagarrach

Feumaidh tu gabhail a-steach:

- tuarastal (a' cunntadh buinn-boise), dealbhan no prothaid à gnothachas
- tabhartasan cumail suas (mura bheil iad pàighte tron Bhuidheann Taic Chloinne)
- peinnsein priobhaideach no peinnsein obrach
- pàigheadh tinneis bhon obair
- pàigheadh màthaireil bhon obair
- tabhartasan no bursaraidhean oileanach (ach a-mhàin iasadan oileanach)
- pàighidhean Seirbheis Taic Nàiseanta nan Comraich (STNC)
- airgead air fhaighinn bho charaidean agus chàirdean (ach a-mhàin iasadan)
- teachd-a-steach bho thasgaidhean agus airgead sàbhalaidh
- roinnean bho earrannan

Na gabh a-steach:

- cuibhreann frithealaidh
- duais tilleadh a dh'obair
- cuibhreann bàis
- pàigheadh bàis
- sochair chloinne
- duais cumail chloinne
- taic cumail chloinne (pàighte tron Bhuidheann Taic Chloinne)
- creideas cìs chloinne
- duais Nollaige
- cuibhreann taic obrach stèidhte air teachd-a-steach
- cuibhreann neach-siridh obrach stèidhte air tabhartasan
- sochair cìs comhairle
- cuibhreann beatha chiorraim
- cuibhreann neach-cùraim
- sochair taigheadais
- sochair neo-chomais
- peinnsean ciorram leòn gnìomhachasach
- cuibhreann cùraim euslaintich
- creideas peinnsein
- cuibhreann dian-chiorraim
- peinnsean stàite
- pàigheadh màthaireil reachdail (neo-obrach)
- pàigheadh tinneis reachdail (neo-obrach)
- sùimean pàighte do luchd-seilbh Crois Bhioctòiria agus Crois Sheòrais
- peinnsean ciorram cogaidh
- peinnsean bantraich cogaidh no peinnsean bantraich
- cuibhreann pàrant bantraichte
- creideas cìs obrach

Seo an teachd-a-steach lom iomlan agad – sgrìobh an àireamh sa bhocsa seo:

Bocsa 1

£

Ceum 4: Ma tha thu a' pàigheadh airgead taic (cumail suas), obraich a-mach dè tha thu a' pàigheadh san t-seachdain.

Sgrìobh sùim do phàigheadh taic seachdaineil sa bhocsa seo:

Bocsa 2

Ceum 5: Cuir ri chèile na cuibhreannan a leanas airson do chompanach agus gach eisimeileach (inbheach no pàiste).

Le `eisimeileach', tha sinn a' ciallachadh pàiste no neach a' fuireach còmhla riut aig nach eil teachd-a-steach sam bith.

Companach	£36.65
Eisimeilich: airson gach pàiste	£56.11
Eisimeilich: airson gach inbheach (seach companach)	£56.11

Sin na cuibhreannan seachdaineil agad – sgrìobh an àireamh sa bhocsa seo:

Bocsa 3

Ceum 6: Obraich a-mach do theachd-a-steach cuidhteasach seachdaineil.

Thoir do theachd-a-steach lom seachdaineil (faic bocsa 1), agus thoir air falbh do phàigheadh taic seachdaineil (bocsa 2) agus do chuibhreannan seachdaineil (bocsa 3). Tha am fiosrachadh a leanas gad chuideachadh seo a dhèanamh. Is e an àireamh gun tig thu do theachd-a-steach cuidhteasach seachdaineil.

Àireamh à bocsa 1
(teachd-a-steach lom
seachdaineil)

£	Bocsa 1
---	---------

ÀS AONAS

Àireamh à bocsa 2
(pàigheadh taic)

£	bocsa 2
---	---------

ÀS AONAS

Àireamh à bocsa 3
(cuibhreannan
seachdaineil)

£	bocsa 3
---	---------

IONNAN RI

**Teachd-a-steach
Cuidhteasach seachdaineil**

£	bocsa 4
---	---------

Ceum 7: A bheil do theachd-steach cuidhteasach seachdaineil a' ciallachadh gu bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh?

Ma tha do theachd-a-steach barrachd na £234 chan eil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh.

Ma tha e £234 no nas lugha, tha thu freagarrach a thaobh teachd-a-steach, ach bu chòir dhut coimhead ri ceum 8 a dh'fhaicinn a bheil thu freagarrach a thaobh calpa. Dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh – faic ceum 12.

Ceum 8: A-nis obraich a-mach do chalpa iomlan.

A-nis seach gu bheil thu air obrachadh a-mach a bheil thu freagarrach a thaobh teachd-a-steach, feumaidh tu obrachadh a-mach a bheil thu freagarrach a thaobh calpa. Le 'calpa', tha sinn a' ciallachadh airgead sàbhalaidh agus nì sam bith eile de luach air a bheil seilbh agad.

Cuir ri chèile luach do chalpa air fad agus calpa do chompanach (mura bheil againn ri beachdachadh air an ionmhas acasan – faic ceum 1).

Is e eisimpleirean de chalpa:

- an sùim iasaid a dh'fhaodadh tu fhaighinn mu choinneamh talmhainn agus toglaichean uile, air a bheil seilbh agad fhèin agus aig do chompanach (ach a-mhàin an taigh sa bheil sibh a' còmhnaidh), a' gabhail a-steach riadhan air taighean roinn-ama
- airgead sa bhanca, comann togalaich, Oifis Puist, bannan-sàbhalaidh, teisteanasan Sàbhalaidh Nàiseanta agus mar sin air adhart
- airgead thasgaidhean, seilbhean is earrannan
- airgead air iasad mu choinneamh phoileasaidhean àrachais
- luach sheilbhean neo-dheatamach sam bith, mar bhàta, carabhan, dama càr, seudraidh (ach a-mhàin fàinneachan pòsaidh agus geallaidh), àrsaidhean no nithean air an ceannach airson an cur an tasgaidhean
- fiachan a tha rim pàigheadh dhut fhèin no dod chompanach
- airgead a tha ri thighinn bho thiomnaidh neach-eigin a bhàsaich
- airgead a tha ri thighinn bho mhaoin urrais
- airgead air iasad mu choinneamh so-mhaoin gnothachais
- pàighidhean anbharra

Na gabh a-steach:

- an taigh sa bheil thu a' còmhnaidh
- àirneis taighe agus aodach
- innealan agus uidheam a dh'fheumas tu airson d' obair
- luach seilbh no nì a tha sa chonnsaid

Seo an **calpa iomlan** agad – sgrìobh an àireamh sa bhocsa:

Bocsa 5

£

Ceum 9: Cuir ri chèile na cuibhreannan a leanas mu choinneamh calpa do gach eisimeileach (inbheach no pàiste), a tha a' fuireach còmhla riut. Is e na cuibhreannan:

dhan chiad eisimeileach	£335
dhan dàrna eisimeileach	£200
dhan treas eisimeileach	£100

Is e seo na cuibhreannan agad – sgrìobh an àireamh iomlan sa bhocsa seo:

Bocsa 6

£

Ceum 10: Obraich a-mach do chalpa cuidhteach iomlan.

Thoir do chalpa iomlan (bocsa 8) agus thoir air falbh do chuibhreannan (bocsa 6). Is e an àireamh gun tig thu do chalpa cuidhteach iomlan.

Àireamh à bocsa 5
(calpa iomlan)

£

bocsa 5

ÀS AONAS

Àireamh à bocsa 6
(cuibhreannan)

£

bocsa 6

IONNAN RI

**Calpa cuidhteach
iomlan**

£

bocsa 7

Airson comhairle agus cuideachadh, ma tha do chalpa cuidhteach iomlan £1,639 no nas lugha, tha thu freagarrach a thaobh calpa. Ma tha thu nad pheinnseanair, dh'fhaodadh gum bi thu freagarrach fiù 's ged a bhiodh do chalpa barrachd na £1,639 – bruidhinn ris an neach-lagha agad mu dheidhinn seo.

Ceum 11: A bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh?

Tha e coltach ris gu bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh ma tha:

- do theachd-a-steach cuidhteach (an àireamh ann am bocsa 4) £234 no nas lugha (no ma tha thu a' faighinn taic teachd-a-steach no cuibhreann neach-siridh obrach stèidhte air teachd-a-steach, no cuibhreann taic obrach stèidhte air teachd-a-steach)
- do chalpa cuidhteach (an àireamh ann an bocsa 7) £1,639 no nas lugha. Ach ma tha thu nad pheinnseanair le calpa barrachd na £1,639,

dh'fhaodadh gum bi thu fhathast freagarrach – bruidhinn ris an neach-lagha agad mu dheidhinn seo

Ma tha thu den bheachd gu bheil thu freagarrach, dèan cinnteach gu bheil thu air faighinn a-mach am bi agad ri tabhartas a phàigheadh stèidhte air do theachd-a-steach (faic ceum 12). Airson comhairle agus cuideachadh, cha bhi agad ri tabhartas a phàigheadh stèidhte air do chalpa.

Ma chuireas tu romhad tagradh a chur airson comhairle agus cuideachadh, bu chòir dhut fianais a thaobh do theachd-a-steach agus do chalpa a thoirt leat, air do chiad thadhal air an neach-lagha agad. Mar eisimpleir, bu chòir dhut a thoirt leat:

- na bileagan tuarastail mu dheireadh agad no cunntasan ma tha thu fèin-fhastach
- leabhraichean peinnsein no shochairan
- litir buileachaidh shochairan làithreach no fiosrachadh mu shochairan
- fiosrachadh mionaideach mu airgead sàbhalaidd sam bith – mar eisimpleir, cunntas banca no leabhar-cead banca

Mura solaraich thu am fiosrachadh seo aig toiseach gnothaich, dh'fhaodadh gun tèid dàil san tagradh agad. Mura bheil an neach-lagha agad riarachaidh gun tug thu am fiosrachadh ceart seachad mu do shuidheachadh ionmhasail, chan urrainn dhaibh tòiseachadh ag obair dhut.

Cuideachd, feumaidh an neach-lagha agad a bhith cinnteach gu bheil a' chùis mu bheil thu ag iarraidh comhairle, mar phàirt de lagh na h-Alba.

Ceum 12: Dearbh an sùim a dh'fhaodadh tu a phàigheadh.

A rèir dè an teachd-a-steach cuidhteach a tha agad, dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh – tha seo air a thomhas mar a leanas:

Clàr 1

Teachd-a-steach cuidhteach seachdaineil	Tabhartas
£100 no nas lugha	Chan eil tabhartas sam bith
Barrachd na £100 ach gun barrachd na £107	£7
Barrachd na £107 ach gun barrachd na £114	£14
Barrachd na £114 ach gun barrachd na £121	£21
Barrachd na £121 ach gun barrachd na £128	£28
Barrachd na £128 ach gun barrachd na £135	£35
Barrachd na £135 ach gun barrachd na £142	£42
Barrachd na £142 ach gun barrachd na £149	£49
Barrachd na £149 ach gun barrachd na £156	£56
Barrachd na £156 ach gun barrachd na £163	£63
Barrachd na £163 ach gun barrachd na £170	£70
Barrachd na £170 ach gun barrachd na £177	£77
Barrachd na £177 ach gun barrachd na £184	£84
Barrachd na £184 ach gun barrachd na £191	£91
Barrachd na £191 ach gun barrachd na £198	£98

Barrachd na £198 ach gun barrachd na £205	£105
Barrachd na £205 ach gun barrachd na £212	£112
Barrachd na £212 ach gun barrachd na £219	£119
Barrachd na £219 ach gun barrachd na £226	£126
Barrachd na £226 ach gun barrachd na £234	£134
Barrachd na £234	Chan eilear airidh air comhairle agus cuideachadh

Ma dh'fheumas tu tabhartas a phàigheadh, tha thu ga phàigheadh do neach-lagha. Innsidh iad dhut ciamar a phàigheas tu e, mar aon sùim no ann an cuibhreannan.

Comhairle agus cuideachadh lorg-adhbhrach

Uaireannan, dh'fhaodadh gum builich an neach-lagha agad comhairle agus cuideachadh 'lorg-adhbhrach' ort. Tha seo a' toirt cothrom dhaibh tuilleadh fhaighinn a-mach mun duilgheadas agad agus co-dhùnadh an urrainn dhaibh do chuideachadh leis, fo chomhairle agus cuideachadh. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn dè is dòcha tu pàigheadh airson na h-obrach seo. Is e £35 an sùim as motha a dh'fheumas tu a phàigheadh. Bruidhnidh an neach-lagha agad riut mu dhòighean pàighidh.

Ma cho-dhùineas iad gun urrainn dhaibh do chuideachadh leis an duilgheadas agad fo làn chomhairle agus cuideachadh, faodaidh iad tabhartas iarraidh ort mar a chithear ann an clàr 1. Ma nì iad sin, bidh tabhartas sam bith a phàigh thu a dh'ionnsaigh comhairle agus cuideachadh lorg-adhbhrach, air a thoirt dhen tabhartas a phàigheas tu airson làn chomhairle agus cuideachadh.

Ma tha do theachd-a-steach cuidhteasach seachdaineil nas motha na £234, chan eil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh lorg-adhbhrach. Ma tha e £234 no nas lugha, tha thu freagarrach a thaobh teachd-a-steach, ach bu chòir dhut coimhead ri ceum 8 gus faicinn a bheil thu freagarrach a thaobh calpa.

Clàr 2

Raon teachd-a-steach cuidhteasach seachdaineil	Tabhartas as motha
£100 no nas lugha	Chan eil tabhartas sam bith
Barrachd na £100 ach gun barrachd na £128 san t-seachdain	£7
Barrachd na £128 ach gun barrachd na £156 san t-seachdain	£14
Barrachd na £156 ach gun barrachd na £184 san t-seachdain	£21
Barrachd na £184 ach gun barrachd na £212 san t-seachdain	£28
Barrachd na £212 ach gun barrachd na £234 san t-seachdain	£35
Barrachd na £234	Chan eilear airidh air comhairle agus cuideachadh

Ceum 13: Dè an ath rud?

Ma tha thu freagarrach agus tu ag iarraidh tagradh a chur airson comhairle agus cuideachadh, tha thu a' dèanamh sin tro neach-lagha. Airson fiosrachadh mu dheidhinn mar a lorgas tu neach-lagha, faic earrann 5.

Ma tha thu den bheachd gum bi thu ag iarraidh neach-lagha gus do chùis a thoirt dhan chùirt, leugh na duilleagan a leanas a dh'fhaicinn a bheil thu freagarrach a thaobh ionmhais, airson taic laghail.

Cuimhnich, mura bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh, dh'fhaodadh gu bheil thu fhathast freagarrach airson taic laghail, agus a chaochladh – faighnich dha do neach-lagha

Mur a bheil thu freagarrach

Tha comhairle an-asgaidh ri fhaotainn bho dhiofar bhuidhnean mar Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill no Ionadan Comhairleachaidh Ionmhais, no Shelter (a tha a' deiligeadh ri taigheadas) Dh'fhaodadh gun urrainn dhaibh cuideachadh leis a' chùis agad, agus do chuideachadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh a bheil feum agad air comhairle laghail. (Tha fiosrachadh ri fhaotainn air an taobh a-staigh den duilleig aghaidh).

Dh'fhaodadh gun lorg thu cuideachd gum faod thu cuideachd fhaighinn tron aonadh ciùird agad no do chompanaidh àrachais.

12.2 A bheil mi freagarrach a thaobh ionmhais airson taic laghail?

Tha taic laghail a' solarachadh maoinachaidh dhan neach-lagha agad gus a' chùis agad a thoirt dhan chùirt. Tha e a' còmhach an obair ullachaidh cho math ris a' chùis fhèin. Faodaidh e maoinachadh a sholarachadh do luchd-tagraidh agus eòlaichean, ma bhios e riatanach.

Lean na ceumannan seo gus obrachd a-mach a bheil e coltach gum bi thu freagarrach a thaobh ionmhais airson taic laghail, no cleachd an àireamhair air loidhne air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk. Ge `r bith cò aca a chleachdas tu, coimhead air na tomhasan agad mar iùl sèalach a-mhàin.

Feumaidh tu cuideachd ar riarachadh gu bheil bunait laghail agad airson na cùise agad, agus gu bheil e reusanta maoinachadh poblach a chleachdadh air a son.

Ma chuireas tu romhad a dhol air adhart leis an tagradh agad, measaidh sinn e gu mionaideach gus co-dhùnadh a bheil thu freagarrach. Feumaidh tu an tagradh a chur tron neach-lagha agad. Airson fiosrachadh mu dheidhinn mar a lorgas tu neach-lagha, faic earrann 5.

Ceum 1: A bheil companach agad aig a bheil teachd-a-steach agus calpa, air am feum sinn beachdachadh?

Leis an fhacal `companach', tha sinn a' ciallachadh neach leis a bheil thu gu h-àbhaisteach a' fuireach mar chàraid, eadar gu bheil sibh:

- pòsta no nach eil
- den aon ghnè no de ghnèithean eadar-dhealaichte

Ma tha companach agad, feumaidh tu an stòras aca a chunntadh anns na h-àireamhan iomlan anns gach ceum, mura bheil:

- ùidh dhùbhlanach aca sa chùis
- sibh a' fuireach air leth a chionn `s gu bheil sibh den bheachd gu bheil ur càirdeas air a thighinn gu crìch
- **Ceum 2: A bheil thu fhèin no do chompanach a' faighinn taic teachd-a-steach no cuibhreann neach-siridh obrach stèidhte air teachd-a-steach no cuibhreann taic obrach stèidhte air teachd-a-steach?**

Ma tha a h-aon agaibh a' faighinn gin de na sochairean sin, bidh sibh freagarrach co-dhiù airson taic laghail, a thaobh an dà chuid teachd-a-steach agus calpa, agus chan iarr sinn oirbh tabhartas a phàigheadh a dh'ionnsaigh cosgais na cùise agaibh.

Mura bheil duine agaibh a' faighinn nan sochairean sin, gluaisibh air adhart gu ceum 3.

Ceum 3: Obraich a-mach dè an teachd-a-steach iomlan (ro chìsean) a tha thu a' dùileachadh sa bhliadhna ri teachd.

Airson taic laghail, tha sinn a' tomhas do theachd-a-steach air dè an cosnadh a dh'fhaodas tu dùileachadh, anns a' bhliadhna a' tòiseachadh air an latha a gheibh sinn an tagradh agad.

Gus tomhas nan àireamhan a dhèanamh nas fhasa, mheudaich suas no sìos gun ath nota.

Feumaidh tu gabhail a-steach:

- tuarastal, dealbhan no prothaid bho ghnòthachas
- pàigheadhean taic a tha thu a' faighinn – an dara cuid bho aon duine no tron Bhuidheann Taic Chloinne
- peinnsein
- sochairean stàite
- creideasan cise
- pàigheadh tinneis reachdail
- pàigheadh màthaireil reachdail
- tabhartasan oileanach
- airgead air fhaighinn bho charaidean agus chàirdean
- teachd-a-steach bho airgead sàbhalaidh agus thasgaidhean
- roinnean bho earrannan

Is e seo an teachd-a-steach iomlan bliadhnail agad – sgrìobh an àireamh sa bhocsa seo:

Bocsa 1

£

Ceum 4: Obraich a-mach dè tha dùil agad a phàigheas tu sa bhliadhna ri teachd, airson chosgaisean agus chuibhreannan a tha a' bualadh ort.

Feuch gun cunnt thu na cosgaisean agus na cuibhreannan seo:

- tabhartasan cìse cosnaidh agus Àrachas Nàiseanta
- pàighidhean taic a tha thu a' dèanamh
- cosgaisean cùram chloinne a tha a' tighinn ort air sàilleabh obrach
- cosgais siubhail air ais agus air adhart gu d' obair
- cosgaisean taigheis:
- pàigheadh air ais màil no morgaids (thoir air falbh sochairean taigheadais)
- tàilleabhan phoileasaidhean buileachaidh (ma tha iad pàighte co-cheangailte ri morgaids)
- cosgaisean àite fuirich (mura bheil thu a' pàigheadh màil no morgaids)
- cìs comhairle (thoir air falbh leasachaidhean sam bith)

Is e seo na cosgaisean bliadhnail agad – sgrìobh an àireamh sa bhocsa seo:

Bocsa 2

Ceum 5: Cuir ri chèile na cuibhreannan a leanas airson do chompanach agus gach eisimeileach (inbheach no pàiste).

Le 'eisimeileach', tha sinn a' ciallachadh pàiste no pearsa a tha a' fuireach còmhla riut, agus aig nach eil teachd-a-steach sam birh.

Companach	£1,911
Eisimeilich: do gach pàiste	£2,926
Eisimeilich: do gach inbheach (a thuilleadh air companach)	£2,926

Is e seo na cuibhreannan agad – sgrìobh an àireamh sa bhocsa seo:

Bocsa 3

Ceum 6: Obraich a-mach do theachd-a-steach cuidhteasach iomlan.

Thoir do theachd-a-steach bliadhnail iomlan (faic bocsa 1), agus thoir air falbh na cosgaisean (bocsa 2) agus cuibhreannan (bocsa 3). Is e na tha agad air fhàgail an teachd-a-steach cuidhteasach iomlan agad.

Àireamh à bocsa 1
(teachd-a-steach bliadhnail iomlan)

£ bocsa 1

ÀS AONAS

Àireamh à bocsa 2
(cosgaisean)

£ bocsa 2

ÀS AONAS

Àireamh à bocsa 3
(cuibhreannan)

£ bocsa 3

IONNAN RI
Teachd-a-steach
Cuidhteasach iomlan

£

bocsa 4

Ceum 7: A-nis obraich a-mach do chalpa.

Le `calpa', tha sinn a' ciallachadh airgead agus nì sam bith eile de luach air a bheil seilbh agad. Cuir do chalpa uile còmhla agus calpa do chompanaich (mura bheil againn ri beachdachadh air an stòras acasan – faic ceum 1).

Seo eisimpleirean de chalpa:

- luach talmhainn agus thoglaichean sam bith air a bheil seilbh agad fhèin no aig do chompanach, ach an taigh sa bheil thu a' còmhnaidh, a' gabhail a-steach riadh air taighean roinn-ama
- airgead sa bhanca, comann togalaich, oifis puist, bannan sàbhalaidh, teisteanasan sàbhalaidh nàiseanta agus mar sin air adhart
- tasgaidhean, seilbhean agus earrannan
- airgead air iasad mu choinneamh phoileasaidhean àrachais
- luach nìthean luachmhor sam bith, mar bhàta, carabhan, seudraidh (ach a-mhàin fàinneachan pòsaidh agus geallaidh), àrsaidhean no nìthean air an ceannach airson adhbharan tasgaidh
- fiachan a tha rim pàigheadh dhut no dod chompanach
- airgead ri phàigheadh bho thiomnaidh neach a bhàsaich
- airgead ri phàigheadh bho mhaoin urrais
- airgead a ghabhas fhuasgladh bhon ghnòthachas agad fhèin no aig do chompanach no air a thoirt a-mach air iasad mu choinneamh maoin ghnòthachais

Na gabh a-steach:

- innealan agus uidheam a dh'fheumas tu airson d' obair
- luach seilbh no nì sam bith a tha mar phàirt den chùis cùirte (mar eisimpleir, dheigheadh taigh shaor-làithean a chunntadh gu h-àbhaisteach, ach cha deigheadh nam biodh sealbh an taighe na chonnsaid ann an rèiteachadh sgaraidh pòsaidh)
- luach an taighe sa bheil thu a' fuireach

Is e seo sùim do chalpa cuidhteasach iomlan – sgrìobh anns a' bhocsa:

Bocsa 5

£

Ceum 8: A bheil thu freagarrach airson taic laghail?

Feumaidh tu faighinn tro na deuchainnean uile a thaobh teachd-a-steach agus calpa. Ma bhios tu freagarrach, dh'fhaodadh gum feum thu tabhartas a phàigheadh a-mach à teachd-a-steach, no calpa no na dhà dhiubh.

Ma tha do theachd-a-steach cuidhteasach (faic bocsa 4):

- barrachd na £25,000, chan eil thu airidh a thaobh teachd-a-steach agus chan eil thu freagarrach airson taic laghail

- £3,355 no nas lugha, tha thu airidh a thaobh teachd-a-steach agus cha bhi tabhartas agad ri phàigheadh à teachd-a-steach
- eadar £3,355 agus £25,000, tha thu airidh a thaobh teachd-a-steach ach bidh agad ri tabhartas a phàigheadh

Gus obrachadh a-mach sùim an tabhartais, cleachd an clàr a leanas

Teachd-a-steach
cuidhteasach

£	bocsa 4
---	---------

Ma tha an àireamh ann am bocsa 4 eadar £3356 agus £10995

Bocsa a

Thoir air falbh £3355 bhon àireamh ann am bocsa 4 agus cuir e ann am bocsa a

A-nis, roinn an àireamh sin

le 3. Cuir an àireamh sin ann am bocsa b

Sin suim an tabhartais agad.

Bocsa b

<p>Ma tha an àireamh ann am bocsa 4 eadar £10996 agus £15000. Thoir air falbh £10996 bhon àireamh ann am bocsa 4. Cuir an àireamh sin ann am bocsa c. Roinn an àireamh sin le 2 agus cuir e ann am bocsa d</p>	Bocsa c
	Bocsa d
<p>Cuir £2546 ris an àireamh ann am bocsa d agus cuir e ann am bocsa e. Seo suim an tabhartais agad as do theachd-a-steach</p>	Bocsa e
<p>Ma tha an àireamh ann am bocsa 4 barrachd air £15001 ach nas lugha £25000. Thoir £15001 air falbh bhon àireamh ann am bocsa 4 agus cuir e ann am bocsa f. Cuir ris £4548 agus cuir e ann am bocsa g. Seo suim an tabhartais agad as do theachd-a-steach</p>	Bocsa f
	Bocsa g

Ma tha thu freagarrach a thaobh teachd-a-steach, agus gu bheil do chalpa cuidhteasach (faic bocsa 5):

- £7,504 no nas lugha, tha thu airidh a thaobh calpa agus cha bhi agad ri tabhartas a phàigheadh bhon chalpa agad
- eadar £7,504 agus £12,439, tha thu airidh a thaobh calpa ach feumaidh tu tabhartas a phàigheadh – bidh seo co-ionnan ris an diofar eadar àireamh a' chalpa agad agus £7,504
- barrachd na £12,439, is àbhaist dhuinn taic laghail a dhiùltadh ma tha sinn den bheachd gu bheil comas agad a dhol air aghaidh às aonais. Bidh seo an crochadh air an seòrsa cùis-lagha sa bheil thu an sàs, agus dè cho cosgaiseil agus a dh'fhaodadh i a bhith.

Ma tha do chalpa nas motha na £12,439, dh'fhaodadh gum bheil thu fhathast freagarrach ma tha thu nad pheinnseanair, no ma tha sinn a' creidsinn gum biodh e nas fheàrr taic laghail a bhuileachadh ann an ainm ceartais. Faodaidh an neach-lagha agad comhairle a thoirt dhut mun seo.

Ceum 9: Dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh.

Faic earrann 7 nas tràithe, *Ciamar a gheibh mi a-mach dè dh'fhaodainn a phàigheadh?*

Ceum 10: Dè an ath rud?

Ged a bhiodh tu freagarrach a thaobh ionmhais airson taic laghail, feumaidh tu faighinn tro dheuchainnean eile, mar bhunait laghail a bhith agad airson na cùise agad. Co-dhùinidh sinne a bheil thu air faighinn tro na deuchainnean sin agus a bheil thu freagarrach.

Feumaidh tu tagradh airson taic laghail tro neach-lagha. Faic earrann 5 airson fiosrachadh air mar a lorgas tu neach-lagha.

Cuimhnich, mura bheil thu freagarrach airson comhairle agus cuideachadh, dh'fhaodadh gu bheil thu fhathast freagarrach airson taic laghail, agus a chaochladh – faighnich dha do neach-lagha

Mur a bheil thu freagarrach

Tha comhairle an-asgaidh ri fhaotainn bho dhiofar bhuidhnean mar Biùro Comhairleachaidh a' Phobail no Ionadan Comhairleachaidh Ionmhais, no Shelter (a tha a' deiligeadh ri taigheadas) Dh'fhaodadh gun urrainn dhaibh cuideachadh leis a' chùis agad, agus do chuideachadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh a bheil feum agad air comhairle laghail. (Tha fiosrachadh ri fhaotainn air an taobh a-staigh den duilleig aghaidh).

Dh'fhaodadh gun lorg thu cuideachd gum faod thu cuideachadh fhaighinn tron aonadh ciùird agad no do chompanaidh àrachais.

Gus a' bhileag seo fhaotainn ann an cànan eile, ann am Brèill no clò mòr, no air teip èisteachd, nach cuiribh fios thugainn a' cleachdadh an fhiosrachadh air an taobh a-staigh den bhileig aghaidh.

Lògo Choimisean Chànain Soilleir

CIV-SIMP-04/09